

Gealladh air Slàinte-inntinn Mhàthaireil do Bhoireannaich is Teaghlaichean

Bidh duilgheadasan slàinte-inntinn aig còrr is aon bhoireannach anns gach còignear* rè leatromachd no sa chiad bhliadhna an dèidh breith. Tha boireannaich a tha air duilgheadasan slàinte-inntinn fhulang tro leatromachd no an dèidh breith air na dùilean seo a chomharrachadh.

Tha mi an sàs anns mo chùram, tha mi fiosraichte air agus tha mi fhìn aig an teis-meadhan, agus mar sin tha a h-uile nì agam a tha a dhìth orm gus na co-dhùnaidhean as fheàrr a dhèanamh dhomh fhìn agus airson mo leatromachd is mo leanabh.

Tha misneachd agam gum bi eòlas is sgilean iomchaidh aig an luchd-obrach a tha a' toirt cùram dhomh.

Ma tha draghan orm mu shlàinte-inntinn, gheibh mi comhairle agus taic mus fàs mi trom.

Gheibh mi comhairle is cùram bho eòlaichean airson mo shlàinte-inntinn iom-bhreitheach nuair a tha feum agam air, ge bith càit a bheil mi a' fuireach ann an Alba.

Bidh mi a' faighinn taic gus dlùth-cheangal a dhèanamh ri mo leanabh.

Tha misneachd agam gum faigh mo theaghlach an taic a tha a dhìth orrasan airson mo chuideachadh agus gum faigh iad cuideachadh dhaibh fhèin ma tha feum aca air.

Is urrainn dhomh bruidhinn gu fosgailte mu mo shlàinte-inntinn gun draghan gum bithear a' toirt breith orm. Thèid a h-uile càil a dhèanamh gus mi fhìn is mo leanabh a chumail còmhla far an gabh sin dèanamh. Ma dh'fheumas mi dol a-steach a dh'ospadal airson leigheas slàinte-inntinn, tha còir agam a dhol a-steach còmhla ri mo leanabh.

Bidh cothrom agam ann an deagh àm air cuideachadh is taic fhad 's a tha mi trom agus an dèidh na breithe.

Thathar air am briathar boireannach/boireannaich a chleachdadh a chionn 's gur ann mar seo a tha a' mhòr-chuid dhiubhsan a tha leatrom agus an dùil ri pàiste gan dearbhadh-aithneachadh. Airson adhbhar na sgrìobhainne seo, tha am briathar seo a' gabhail a-steach nigheanan agus iadsan aig a bheil dearbhadh-aithne gnè nach eil a' co-fhreagairt ri gnè am breithe no aig a bheil dearbhadh-aithne neo-bhinearaidh.

Ma tha draghan slàinte-inntinn ort no ma tha feum agad air taic, bruidhinn ris an dotair teaghlaich, bean-ghlùine, no neach-tadhail slàinte agad no cuir fòn gu NHS 24 air 111. Airson tuilleadh fiosrachaidh, sganaich an còd QR.

